# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

***Please scroll down for English Version***

**CO-LABHAIRTEAN AIR FOGHLAM TRATH BHLIADHNAICHEAN**

**GAN CUMAIL LE BÒRD NA GÀIDHLIG**

**Ri chleachdadh bho seo a-mach – 14 Am Màrt 2011**

Thèid trì coinneamhan a chumail an t-seachdain seo le Bòrd na Gàidhlig a thoirt air adhart planaichean airson foghlam aig ìre tràth-bhliadhnaichean. Thèid an cumail ann an Inbhir Nis an diugh (14mh), Steòrnabhagh (16mh) agus ann an Glaschu Diardaoin (17mh).

Tha na coinneamhan gan cur air adhart leis a' Bhòrd mar phàirt dhen deisealachadh a thathas a' dèanamh airson structar ùr a chuir air siostam taic foghlaim ro-sgoile na Gàidhlig bhon mhìos a tha romhainn.

Bho Mhàrt 31, 2011, thèid siostam ùr coileanta airson taic do fhoghlam Gàidhlig ro-sgoile a lìbhrigeadh a chur an àite an t-suidheachaidh a th'air a bhith ann. Thèid na h-innleachdan ùra a chur an sàs ann an com-pàirteachasan ùra le ùghdarrasan ionadail agus buidhnean eile, leithid a' bhuidheann taic airson pàrantan, Comann nam Pàrant.

Thuirt Stiùiriche Foghlaim agus Ionnsachadh a' Bhùird Mairi NicIlleMhaoil gu robh e cudromach gum biodh fios aig daoine dìreach dè tha gu bhith a' tachairt agus mar a thèid seirbheisean a' lìbhrigeadh.

Thuirt i: "Bidh dithis bhon Chuimrigh an làthair a' bruidhinn air mar a tha iadsan air foghlam tràth-bhliadhnaichean a thoirt air adhart ann an buidhnean aois 0-3, agus gu h-àraid air

dòighean a tha iad a' cleachdadh airson a bhith a' toirt air adhart cànan. Bidh Hywel Jones a' bruidhinn mu leasachadh mion-chànan, agus Angharad Morgan a' bruidhinn air leasachadh cànan còmhla ri clann aois 0-3.  Tha a h-uile buidheann Gàidhlig aig aois 0-3 agus buidhnean 3-5 a tha neo-eisimeileach  air fiathachadh fhaighinn chun na coinneamhan agus faodar aon neach-obrach agus aon riochdaire bhon chomataidh stiùiridh a chur ann."

Mairidh na coinneamhan fad latha agus gach feasgar gheibhear cothrom obrachadh còmhla agus planaichean a dhèanamh airson gnìomhan a bheir air adhart comasan Gàidhlig na cloinne.

Bidh na coinneamhan cuideachd cudromach a-thaobh a bhith a' sgaoileadh fiosrachaidh mun taic a tha Bòrd na Gàidhlig gu bhith a' toirt do bhuidhnean tràth-bhliadhnaichean.

**A' chrìoch**

**Ma tha sibh airson an tuilleadh fiosrachaidh fhaighinn mun naidheachd a tha seo, cuiribh fios gu Mairi NicIlleMhaoil, Stiùiriche Foghlaim agus Ionnsachadh Bhòrd na Gàidhlig air 07500 099 394.**

**Foillsichte:   Diluain, 14mh Màrt, 2011**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

**BÒRD NA GÀIDHLIG CONFERENCES ON EARLY YEARS EDUCATION**

**Immediate release – 14 March 2011**

Bòrd na Gàidhlig will be conducting three very important meetings this week with a view to progressing their plans for early years education. These will take place in Inverness today (14th), Stornoway (16th) and Glasgow (17th).

The Bòrd has organised these meetings as part of the preparation for restructuring the support system for Gaelic pre-school education which will take effect as from next month.

From 31 March 2011, a comprehensive system to support the delivery of Gaelic pre-school education will be established to replace the previous system. The new mechanisms will be set in place through partnerships with local authorities and other organisations, such as the parents' support group, Comann nam Pàrant.

Mary MacMillan, Director of Education and Learning at Bòrd na Gàidhlig, commented that it is important that people know exactly what is happening and how services will be delivered.

She said, "Two experts from Wales will be present and will talk about the methods they have used to progress early years education in the 0-3 age group, and especially methodology in relation to progressing and developing language. Hywel Jones will deliver a speech on the development of minority languages and Angharad Morgan will talk about developing language with children aged 0-3 years. Every Gaelic group in the 0-3 age group

and those in the 3-5 age group which are independent, have all received an invitation to the meetings and one member of staff and a representative from the management committee are welcome to attend."

These are whole-day meetings, and there will be an opportunity in the afternoons to work together and organise action plans for developing the Gaelic language skills of young children.

The meetings will also be important with regard to distributing information on the support available from Bòrd na Gàidhlig to early years groups.

**Ends**

**If you require further information about this press release, please contact Mary MacMillan, Director of Education and Learning at Bòrd na Gàidhlig on 07500 099 394**

**Released: Monday 14 March 2011**